

## Ceistean



**Coimhead air duilleag 13.**

**“A Ghealaich Ghil...”**

1. (a) Dè an sgit-sgrìobhaidh a tha Tormod MacGill-Eain a’ cleachdadh an seo?  
  
(b) Ciamar a tha seo èifeachdach?
  
2. Tagh abairt a tha a’ sealltainn gu bheil miann aig Claude an t-airgead aige a chosg.
  
3. Ciamar a tha am facal “stràiceil” èifeachdach san dàrna paragraf?
  
4. (a) Ciamar a tha am puingeachadh a’ sealltainn gu bheil teaghlach Claude beò ann am bochdainn?

- (b) Ciamar a tha an taghadh-facail a' sealltainn gu bheil teaghlach Claude beò ann am bochdainn?

**Coimhead air duilleag 14.**

5. (a) Dè an sgiol-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh anns a' chiad seantans den dàrna paragraf?

- (b) Mìnich carson, nad bheachd-sa, a tha seo èifeachdach?

*“... an cuan mòr mar neamhnaid bìdeag seachad air na cnuic.”*

6. (a) Dè an cleas-cànain a th' air a chleachdadh an seo?

- (b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

**Coimhead air duilleagan 14-15.**

*“ Ach ... tha aon bheachd-smuain ga fhàgail iomagaineach...”*

7. (a) Dè an sgiol-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh an seo?

- (b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

*“... tha aon bheachd-smuain ga fhaclan iomagaineach, ge-tà: Adrienne.”*

8. (a) Dè an sgit-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?
- (b) Ciamar a tha seo èifeachdach?

**Coimhead air duilleag 16.**

9. Dè tha sònraichte mun dòigh anns a bheil an duilleag seo a’ tòiseachadh?
10. Mìnich an abairt “...oidhche an dunaidh” nad fhaclan fhèin.

*“...boireannach a tha beò air aon adhbhar; los gum bi i a’ frithealadh nam marbh.”*

11. Dè an sgit-sgrìobhaidh a th’ air a chleachdadh san t-sreath seo agus ciamar a tha seo èifeachdach?

**Coimhead air duilleag 16.**

- 12. Dè tha sònraichte mu chruth nan seantansan san treasamh paragraf agus ciamar a tha seo èifeachdach?**

**Coimhead air duilleag 16 agus 17.**

- 13. Nad fhaclan fhèin, ciamar a tha Claude ga dhìon fhèin bho ionnsaigh na muice?**

**Coimhead air duilleag 17.**

***“Tha am fuaim nas coltaiche ri caoineadh boireannaich.”***

- 14. Dè tha an t-ùghdar a’ toirt fa ar comhair leis na faclan seo?**

- 15. Cò dha a tha Claude a’ mothachadh nuair a tha e a’ cìreadh a ghruaig le mheòirean?**

**Coimhead air duilleag 18.**

***“Tha i a’ gàire mar a dhèanadh nathair...”***

- 16. Ciamar a tha an samhla seo de ghàire Adrienne èifeachdach?**

**Coimhead air duilleag 18.**

**17. (a) Dè tha Claude a' mothachadh mu làmh Adrienne san loidhne mu dheireadh de dhuilleag 18?**

**(b) Dè tha seo ag innse dhuinn mu na thachair san sgeulachd roimhe seo?**

**Beachdaich air an sgeulachd air fad.**

**18. Tha an sgeulachd gu lèir air a sgrìobhadh anns an tràth làthaireil. Carson, nad bheachd-sa, a tha an t-ùghdar a' taghadh an tràth seo?**

**19. Tha tòrr fhaclan Creole Haiti a' nochdadh san sgeulachd.**

**Carson a tha seo èifeachdach?**

**21. Tha fuaim drumaireachd a' nochdadh dà thuras san sgeulachd.**

**Dè tha an drumaireachd seo a' samhlachadh?**

**22. Tron sgeulachd, tha an t-ùghdar a' toirt fa ar comhair mar a tha staid na h-iarmailt agus coltas nan speuran ag atharrachadh.**

**Dè tha seo a' samhlachadh?**